



DÈ CHO MATH 'S A THA AN SGOIL AGAINN? AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

PÀIRT 4: A' PLANADH AIRSON SÀR-MHATHAIS





DÈ CHO MATH 'S A THA AN SGOIL AGAINN? AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

PÀIRT 4: A' PLANADH AIRSON SÀR-MHATHAIS

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2007

ISBN: 978-0-7053-1085-7

Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim
Taigh Denholm
Pàic Gnothachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Dhùn Lèibhe
EH54 6GA

Fòn: 01506 600 200

Facs: 01506 600 337

Post-d: enquiries@hmie.gsi.gov.uk

Dèante airson HMIE le RR Donnelley B52301 08/07

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn.

Foillsichte le HMIE, Lùnastal 2007

Faodaidh ùghdarrasan foghlaim is institiudan foghlaim ann an Alba an stuth seo a lethbhreacadh gun chead a bharrachd gus a chleachdadh airson fèin-mheasadh is dealbhadh.

Faodar an aithisg ath-dhèanamh ann am pàirt, ach a-mhàin airson adhbharan marsantail, no ann an co-cheangal ri leabhran-sanais no sanas, fhad 's a tha an tobar is an ceann-là air an ainmeachadh.

Tha 100% den sgrìobhainn seo air a chlà-bhualadh air pàipear ath-chuartaichte a ghabhas ath-chuartachadh 100%.

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

CLÀR-INNSE

Duilleag

Facal-toisich	v
Ro-ràdh	1
A' togail air neartan ann am planadh	2
Dè a tha 'planadh airson sàr-mhathais' a' gabhail a-steach?	4
Ag aontachadh ur lèirsinn is ur luachan	6
A' comharrachadh phrìomhachasan, a' sònrachadh bhuilean is a' planadh lìbhrigeadh	9
Am plana-leasachaidh	12
A' dol an gnìomh gus ur lèirsinn a bhuileachadh	14
An 'clàr-gnothaich gleidhidh'	15
A' dèanamh cinnteach à buaidh	16
Dreuchd ùghdarras an fhoghlaim no bòrd nan riaghladairean	17
Ceannas atharrachaidh is leasachaidh	21
Co-dhùnadh	22
Pàipear-taice 1	23
Pàipear-taice 2	27

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

FACAL TOISICH

Chaidh na còig pàirtean de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn? An t-Slighe gu Sàr-mhathais* a dhealbhadh mar mhodh-obrachaidh chiallach, a' tarraing air an eòlas a tha againn mar-thà mu leasachadh èifeachdach sgoile, ann an Alba is gu h-eadar-nàiseanta. Tha fèin-mheasadh is planadh èifeachdach bunaiteach don mhodh-obrachaidh sin. Thathar a' faicinn foghlam Albannach mar nì a tha aig fìor thoiseach cleachdadh fèin-mheasaidh, agus thathar ag aithneachadh, gu h-eadar-nàiseanta, na 'dòigh-obrach Albannaich' a thaobh leasachadh sgoile, a' measgachadh fèin-mheasadh is sgrùdadh. Is e an dùbhlán a-nis togail air an neart sin, is dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhan is leasachadh, air an deach breithneachadh math a dhèanamh, a' tighinn à measadh.

Tha an ceangal gu ruige a bhith a' dol an gnìomh a' tighinn tro phlanadh, agus is e adhbhar planaidh fuasglaidhean a chruthachadh is a bhuileachadh airson cuideachadh gus barrachd a choileanadh do luchd-ionnsachaidh uile. Tha sin a' ciallachadh a bhith a' tuigsinn is a bhith comasach air mineachadh a thoirt air mar a tha na tha a' tachairt ann an seòmar-teagaisg a' buntainn ris na tha luchd-ionnsachaidh a' coileanadh, is a bhith a' mion-atharrachadh chleachdaidhean is fhiosraichidhean gu dèanamh cinnteach à tuilleadh leasachaidh do luchd-ionnsachaidh.

'S e modh-obrachaidh meòrachail, proifeiseanta tro bheil sgoiltean is ionadan a' cur fìor dheagh eòlas orra fhèin, a tha ann am fèin-mheasadh. Tha na deasachaidhean as ùire de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* agus *Am Paiste sa Mheadhan* air an dealbhadh gus sgoiltean a chuideachadh leis a' ghnìomh sin. Tha planadh leasachaidh a' togail air an fhèin-eòlais sin le bhith gur com-pàirteachadh ann a bhith a' tuigsinn is a' cur luach air a' chuid as fheàrr de na nithean a tha againn mar-thà, a' co-dhùnadh dè dìreach cho math 's a dh'fhaodas sinn a bhith, agus a' comharrachadh na slighe as fheàrr air adhart.

'S e *A' Planadh airson Sàr-mhathais Pàirt 4 de An t-Slighe gu Sàr-mhathais*. Tha e ag amas air cuideachadh gus planadh leasachaidh a dhèanamh nas sìmplidhe, far a bheil sin riatanach. Tha e a' daingneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' com-pàirteachadh phàrantan, bhuidhnean com-pàirteachaidh agus an luchd-ionnsachaidh fhèin. Tha e cuideachd a' stiùireadh an amais gu ruige a bhith a' dèanamh leasachaidhean soilleir do fhiosraichidhean ionnsachaidh is choileanaidhean chloinne is dhaoine òga sna h-ionadan foghlaim tràth is sna sgoiltean againn.


Graham Donaldson

Àrd-neach-sgrùdaidh na Bànrìghe

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Ro-ràdh

Tha A' Planadh airson Sàr-mhathais, Pàirt 4 de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* An t-Slighe gu Sàr-mhathais a' togail air comhairle a bha ann roimhe a thaobh planadh airson leasachadh¹. Tha e a' sealltainn mar is urrainn do choimhearsnachd na sgoile na tomhasan de mhathas ann anm Pàirt 1 *Ag amas air Sàr-mhathais agus Pàirt 2 A' Sgrùdadh Sàr-mhathais* a chleachdadh ri taobh nan comharran càileachd ann am Pàirt 3 *Dè cho math 's a tha sinn an-dràsta?*² gus amasan na sgoile a chòdhùnadh, is mar a tha i dol a ruigsinn sin.

Tha an iùl seo airson gach neach a tha a' teagasg, a' toirt taic, is ag obair gus fiosraichidhean ionnsachaidh chloinne is dhaoine òga a leasachadh:

- tidsearan, luchd-obrach taice agus luchd-cleachdaidh foghlam nam bliadhnanachan tràtha
- luchd-ceannais sgioban aig ìrean uile taobh a-staigh na sgoile no an ionaid
- oifigearan ùghdarrais ionadail no bòrd nan riaghladairean
- daoine a bhios ag obair ann an com-pàirteachas leis an sgoil, leithid pàrantan,³ comhairlean phàrant, luchd-obrach cùram còmhnaidh, luchd-obrach shòisealta, luchd-obrach ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, luchd-obrach sheirbheisean saor-thoileach, buidhnean coimhearsnachd, agus àitreachan foghlaim is gnothachasan ionadail eile.

Tha dreuchdan brìghmhor, ach eadar-dhealaichte, aig na buidhnean seo uile ann a bhith a' toirt buaidh air a' mhodh-obrachaidh ionnsachaidh.

Tha A' Planadh airson Sàr-mhathais a' toirt planadh leasachaidh chun na h-ath ìre. Tha sgoiltean cleachdte ri bhith a' foighneachd na ceiste, 'Dè cho math 's a tha an sgoil againn?' Tha sgoiltean na h-Alba a-nis deiseil gus trì ceistean a bharrachd fhoighneachd:

- Dè cho math 's is urrainn dhuinn a bhith?
- Ciamar a ruigeas sinn sin?

agus

- Dè tha sinn air a choileanadh?

1 *The Role of School Development Plans in Managing School Effectiveness*, dàrna deasachadh, Luchd-sgrùdaidh na Bànrighe airson Sgoiltean, 1994 agus *Dè cho math 's a tha an sgoil againn? A' Planadh airson Leasachadh*, Luchd-sgrùdaidh na Bànrighe airson Foghlam, 2003.

2 Tha Pàirt 3 a' gabhail a-steach dàrna deasachadh de *Am Pàiste sa Mheadhan* agus an treas deasachadh de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?*

3 Tha am briathar 'pàrantan' a' buntainn ri pàrantan, luchd-cùraim dalta, agus luchd-cùraim a tha nan càirdean no nan caraidean.

A' togail air neartan ann am planadh

Tha ruitheaman, no cearcallan, fèin-mheasaidh is planadh leasachaidh deagh stèidhichte aig ionadan foghlam tràth, sgoiltean is ùghdarrasan ann an Alba. Tha duilleagan 6-8 de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* agus *Am Pàiste sa Mheadhan a'* toirt geàrr-chunntas air na dòighean-obrach as èifeachdaiche a thaobh fèin-mheasadh. Far a bheil planadh aig an ìre as èifeachdaiche, tha fèin-mheasadh air a cheangal gu dìreach ri builean aontaichte do dhaoine òga⁴. Tha planadh leasachaidh a' toirt cothrom do sgoiltean is do dh'ionadan dùilean bhon taobh a-muigh agus feumalachdan an luchd-ionnsachaidh aca fhèin a thoirt còmhla. Tha innleachdas a' tighinn gu bith gu nàdarra tro luchd-obrach⁵ a bhith ag amas air na dòighean as fheàrr gus freagairt ri feumalachdan chloinne. Is urrainnear innleachdas a ruigsinn tro na modhan-obrachaidh cruthachail aca fhèin no a mhion-atharrachadh bhon chleachdadh math a thathar a' faicinn ann an àitreachan is ann am buidhnean eile. Tha dreuchd aig ùghdarrasan foghlaim ann a bhith a' brosnachadh innleachdas.



-
- 4 Tha am briathar 'daoine òga' a' buntainn ri cloinn aois 3 gu 18 a tha ag ionnsachadh ann an ionadan foghlam tràth, sgoiltean speisealta còmhnaidh is latha, agus bun- is àrd-sgoiltean. Thathar cuideachd a' cleachdadh nam briathran 'luchd-ionnsachaidh', 'clann' agus 'sgoilearan', gus measgachadh a thoirt seachad.
- 5 Tha am briathar 'luchd-obrach' a' buntainn ri inbhich uile a tha a' cur ri ionnsachadh chloinne, a' gabhail a-steach luchd-obrach taice, luchd-obrach cùraim ann an sgoiltean còmhnaidh agus luchd-obrach ag obair ann am buidhnean com-pàirtachaidh.

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Ma tha sgrìobhainnean planaiddh air an dealbhadh gu cùramach is ma tha iad cuideachail is ag obrachadh, tha seo a' cuideachadh luchd-obrach gus am modh-obrachaidh leasachaidh a structaradh is a leasachadh. Ach, dh'fhaoidte gun toir bìùrocrasaidh nach eil riatanach aire air falbh bho leasachadh. Bu chòir do phlanadh an luchd-obrach uile a bhrosnachadh gus obrachadh ann an sgioban gus atharrachaidhean is innleachdan a bhios buannachdail do chloinn a thoirt a-steach is a bhuileachadh. Tha dleastanas sònraichte aig ùghdarrasan foghlaim gus dèanamh cinnteach gu bheil sgrìobhainnean air an sgioblachadh.

Tha planadh èifeachdach stèidhichte air meòrachadh is deasbaireachd proifeiseanta. Tha deasbaireachd leithid seo a' brosnachadh ionnsachadh luchd-obrach, sealbhadaireachd, obair-sgioba agus ceannas⁶. Tha a bhith ag amas air leasachadh a' toirt cothrom do luchd-obrach an 'dealbh mòr fhaicinn', agus meòrachadh air, is mar sin barrachd ionnsachadh mu, na dreuchdan aca fhèin ann a bhith a' coileanadh bhuilean matha do chloinn.

Ann am bliadhnanach bho chionn ghoirid, tha sinn air sìor fhàs nas mothachail gur ann leis a' chloinn fhèin a tha sgoiltean is suidheachaidhean bliadhnanach tràtha agus gu bheil na guthan aca cudromach. Tha dleastanas reachdail aig sgoiltean gus clann is pàrantan a chom-pàrteachadh. Tha dleastanas aig comhairlean phàrant fhèin ìrean àrdachadh is dèanamh cinnteach à leasachaidhean ann an càileachd an foghlaim a thathar a' toirt seachad. Tha an dòigh-obrach a thaobh planadh a tha air a mìneachadh ann an *A' Planadh airson Sàr-mhathais*, a' gabhail ris gu bheil coimhearsnachd àitreabh na sgoile air fad com-pàirtichte ann an dòigh air choireigin ann am planadh airson sàr-mhathais: clann, pàrantan, luchd-obrach agus iadsan leis a bheil an sgoil ag obair ann an com-pàrteachas⁷. Tha i cuideachd a' gabhail ris gum bi mothachadh is tuigse gnìomhach ann a thaobh an luchd-ceannais is an luchd-obrach mun dàimh eadar planadh leasachaidh taobh a-staigh an ionaid no na sgoile, agus a' choimhearsnachd as fharsainghe agus planadh sheirbheisean. San dòigh seo, bidh àitreabhan a' cur ri leasachadh dhòighean-obrach chiallach a thaobh a bhith a' leasachadh bheathannan chloinne is dhaoine òga.

6 Faic duilleagan 55 is 93 de Phàirt 2 *A' Sgrùdadh Sàr-mhathais* mu cheannas agus cumhachd, TC 9.4
Ceannas leasachaidh is atharrachaidh. Cuideachd *Leadership for learning: The challenges of leading in a time of change*, HMIE 2007.

7 Faic TC 6.2 Gabhail pàirt ann am poileasaidh is planadh.

Dè a tha 'a' planadh airson sàr-mhathais' a' gabhail a-steach?

Tha planadh airson sàr-mhathais a' gabhail a-steach ceithir prìomh gnìomhan colaisteach.

Dè cho math 's a tha an sgoil againn?

- **Aontaichibh an lèirsinn** tro bhith a' sgrùdadh ur luachan airson na sgoile no an ionaid agaibh.

Dè cho math 's is urrainn dhuinn a bhith?


- **Comharraichibh na prìomhachasan agaibh** is sònraichibh na prìomh bhuilean a tha sibh airson a choileanadh do luchd-ionnsachaidh uile.

Ciamar a ruigeas sinn sin?

- **Thigibh an gnìomh** gus ur lèirsinn do luchd-ionnsachaidh uile a bhuileachadh.

Dè tha sinn air a choileanadh?

- **Dèanibh cinnteach** à buaidh na gnìomh a tha sibh air a ghabhail.



AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Chan e slighe chunbhalach a tha an còmhnaidh ann an adhartas. Chan eil e neo-àbhaisteach do sgoiltean fa leth tighinn gu àite còmhnaidh, far nach eil iad a' dìreadh, air an t-slighe gu sàr-mhathais, is tha seo air a thaisbeanadh ann an ìrean coileanaidh nan sgoilearan. Chan eil sin a' ciallachadh nach eil iad fhathast ag obair gu ruige sàr-mhathais. Gun teagamh, tha iad buailteach a bhith a' leantainn air adhart ag ionnsachadh mu na tha a' dèanamh eadar-dhealachadh fìor.

Ann a bhith a' sireadh leasachadh leantainneach tha e cudromach gun amais sgoiltean air na nithean a tha fios againn a tha nan stiùirean airson leasachadh. Tha na stiùirean no na tomhasan seo air am mìneachadh gu mionaideach ann am Pàirt 2 A' Sgrùdadh Sàr-mhathais agus tha iad a' sgaoileadh thar ionnsachadh is teagasg, lèirsinn is ceannas, com-pàirteachasan, a bhith a' com-pàirteachadh is a' leasachadh dhaoine agus spiorad de dhùilean àrda. Tha sgrùdaidhean HMIE a' sealltainn nach eil fèin-mheasadh an còmhnaidh air amas air na prìomh fheartan a thaobh nan tomhasan seo leithid cleachdadh seòmar-teagaisg, a' coinneachadh ri feumalachdan agus ionnsachadh proifeiseanta gach neach-ionnsachaidh.

Tha luchd-obrach cuideachaidh a-nis aig sgoiltean is ionadan, a tha mar-thà a' taisbeanadh neartan thar raon de na cleachdaidhean aca, airson an cuideachadh gus an t-atharrachadh ceuma sin a dhèanamh bho mhath gu sgoinneil. Tha iad buailteach dòighean-obrach a ghabhail os làimh a tha ag **amas air libhrigeadh**. Agus tha sgoiltean leithid seo buailteach deagh dhàimh a bhith aca le, is taic bho, phàrantan agus an t-ùghdarras foghlaim. Is iad na h-àitreabhan a tha mar-thà fìor eòlach orra fhèin nas buailtiche a bhith deiseil gus na dòighean-obrach seo a chleachdadh.



Amas air libhrigeadh

A' lèirsinn: tha coimhearsnachd na sgoile air fad a' dèanamh dealbh den t-seòrsa sgoil a bu toil leotha, bidh iad ag obrachadh a-mach na dh'fheumas iad a dhèanamh gus seo a choileanadh, agus an uair sin 'a' dol air a thòir'.

Cleachdaibh dòighean-obrach misneachail is cruthachail, leithid **Ceasnachadh Luachail:**

- *Meòraichibh air na tha air a bhith, is a tha fhathast, soirbheachail san sgoil agaibh.*
- *Cleachdaibh na builean seo gus lèirsinn dhrùidhteach is mòr-mhiannach a chruthachadh a thaobh mar a tha sibh airson 's gum bi an sgoil agaibh san àm ri teachd.*
- *Planaibh mar a tha sibh dol a choileanadh na lèirsinne seo.*
- *Builichibh am plana, às dèidh dealas a ghleidheadh a thaobh an ath rud a thachras is cò a nì e.*

Ag aontachadh ur lèirsinn is ur luachan

Rinn Achd nan Ìrean ann an Sgoiltean na h-Alba msaa 2000 mìneachadh soilleir air adhbhar foghlam sgoile: **“gus brosnachadh a thoirt air leasachadh pearsa, tàlantan agus comasan inntinn is corporra an neach òig gu an làn comais”.**

Tha an Achd a' stèidheachadh lèirsinn fharsaing airson foghlam na h-Alba a libhrigeadh tro fhrèam leasachaidh a tha a' ceangal seata de phrìomhachasan nàiseanta, amasan airson leasachadh ionadail agus builean airson luchd-ionnsachaidh ann am planaichean-leasachaidh sgoile. Chaidh tuilleadh gleusaidh a dhèanamh air an lèirsinn nàiseanta leis an amas a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil clann air am beathachadh, sàbhailte, gnìomhach, fallain, a' coileanadh, in-ghabhailte, a' faighinn spèis agus cunntachail.

Dh'ath-aithris an *Curraicealam* airson *Sàr-mhathais* na h-adhbharan iomlan aig siostam an fhoghlaim do chloinn is do dhaoine òga aois 3 gu 18 a rèir ceithir prìomh chomasan. Tha e a' mìneachadh an rùn do gach pàiste is neach òg a bhith nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nan daoine misneachail, nan saoranaich ciallach agus nan com-pàirtichean èifeachdach don chomann-shòisealta is ag an obair.

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Nuair a nì gach neach a tha an lùib na sgoile sgrùdadh air an luachan is an lèirsinn còmhla, is urrainn don sgoil sealbh co-roinnte a choileanadh, agus tha seo na eileamaid riatanach den mhodh-obrachaidh leasachaidh. Feumaidh lèirsinn na sgoile agaibh a bhith fiùghantach, is thèid a gleusadh fhad 's a bhios an t-slighe agaibh gu ruige sàr-mhathais a' dol air adhart. Tha an t-eòlas againn fhèin ag innse dhuinn gu bheil lèirsinn is sealbhadaireachd nam pàrtean cho mòr den mhodh-obrachaidh leasachaidh ri feartan a tha a' tighinn rompa. Bidh a' chuid as motha de sgoiltean is de dh'ionadan a' feuchainn ris an lèirsinn aca a dhèanamh miannmhor agus tha an fheadhainn as brosnachaile mu dheidhinn sàr-mhathais. Faodaidh am brosnachadh agaibh tighinn bho ghrunn thobraichean, bhon chloinn fhèin, bho eòlas pearsanta is proifeiseanta, agus bho sgrìobhadairean is luchd-smaoineachaidh mu bhith a' foghlamachadh is a' beathachadh chloinne. Bidh an lèirsinn agaibh a' coimhead air an àrainneachd san àm ri teachd is na seòrsachan dùbhlain a dh'fhaodas a bhith a' feitheamh oirbh. Bidh e freumhaichte anns an eòlas a tha aig an sgoil no an ionaid agaibh mar-thà mu d(h)eidhinn fhèin. Bidh solarachadh ionnsachadh is teagasg den chàileachd as àirde an còmhnaidh aig cridhe na lèirsinne agaibh, agus an fheum gus dèanamh cinnteach gu bheil gach duine cloinne a' coileanadh gu an làn comais. Tha am bogsa gu h-iseal a' sealltainn eisimpleir bho chleachdadh fìor. Tha iomadh dòigh eadar-dhealaichte ann san urrainnear aithrisean leithid seo a chur an cèill is a thaisbeanadh.

Earrann bho aithris lèirsinn is luachan aon sgoil

'S e ar miann fàs nar buidhinn ionnsachaidh a tha comasach air leasachadh leantainneach – ainmeil airson càileachd sàr-mhath an ionnsachaidh is an teagaisg, a' chùraim is a' mhathais agus an taic a bheir sinn seachad gus coileanadh oileanach a mheudachadh.

Ann a bhith a' gabhail os làimh gach nì a' buntainn ris an obair againn, bidh sinn:

- a' gabhail ar cuid ghnothachasan os làimh le ionracas, neo-chlaonachd, cothromachd, fulangas, agus urram dha chèile;
- a' cur luach air iomadachd, a bhith a' brosnachadh in-ghabhaltas sòisealta – ann an àrainneachd far a bheil a h-uile duine di-bheathte;
- a' sireadh adhartas tro chom-pàirteachas, a bhith ag obair gu dlùth le daoine leis a bheil sinn a' co-roinn adhbhar cumanta.

Bidh e cuideachail dhuibh sgrùdadh a dhèanamh air na luachan air a bheil an sgoil no an t-ionad agaibh ag obair. Bidh luachan a' buntainn ris an dòigh sa bheil na daoine uile ann an coimhearsnachd na sgoile a' dèiligeadh ri chèile agus na tha iad airson a choileanadh dha chèile, airson na sgoile is airson a' chomainn-shòisealta gu lèir.

Luachan Pàrlamaid na h-Alba

Tha na luachan *gliocas, ceartas, co-fhaireachdainn* agus *ionracas* air an snaidheadh air slat-shuaicheantais Pàrlamaid na h-Alba.

Bidh luachan mu dheidhinn na tha dha-rìreabh cudromach do sgoiltean is do dh'ionadan fa leth agus, mar sin, dh'fhaoidte gum bi eadar-dhealachaidhean anns na nithean air an cuir na diofar àitreabhan cuideam sònraichte. Faodaidh deasbairachdan mu na lèirsinnean is na luachan gabhail àite am measg diofar bhuidhnean dhaoine ann an grunn cho-theacsaichean, mar eisimpleir, tro dhòighean-obrach airson a bhith a' leasachadh saoranachd am measg dhaoine òga, tro chomhairle nam pàrant, agus ann am buidhnean amais no gnìomha a' gabhail a-steach com-pàirtichean nas fharsainge na sgoile. Bidh pàirt aig lèirsinn is luachan na comhairle.

Is e an ath cheum agaibh na builean sin do luchd-ionnsachaidh a chomharrachadh, is taisbeanaidh seo gu bheil sibh air an t-slighe gu bhith a' coileanadh na lèirsinn seo.



AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

A' comharrachadh phrìomhachasan, a' sòn-rachadh bhuilean is a' planadh lìbhrigeadh

Feumaidh an sgoil no an t-ionad àireamh de phrìomhachasan leasachaidh no aithrisean bhuilean a ghabhas làimhseachadh a shòn-rachadh, air an cur an cèill mar **bhuilean do luchd-ionnsachaidh**. Bidh buileachadh a' phlana agaibh ag amas air na ceumannan is na gnìomhan a dh'fheumas sibh gus na builean seo a choileanadh.

Tha e ciallach gum biodh na builean a' tighinn am bàrr à lèirsinn na sgoile no an ionaid agaibh, a' gabhail aire do na comasan taobh a-staigh na Curraicealaim airson Sàr-mhathais, agus a' buntainn ri raon farsaing choileanaidhean. Faodaidh sibh coimhead air na tommas ann am Pàirt 2 de *A' Sgrùdadh Sàr-mhathais* agus anns na comharran càileachd ann an *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* agus *Am Pàiste sa Mheadhan* airson beachd-smuaintean. Dh'fhaoidte gun roghnaich sibh cuideachd cuspair a thaghadh, mar eisimpleir, a bhith a' mion-atharrachadh a' churraicealaim, mar phrìomhachas. San t-suidheachadh seo nuair a tha sibh a' leasachadh nam planaichean gnìomha agaibh, foighnichibh dhuibh fhèin ciamar a nì na gnìomhan a ghabhas sibh a thaobh gach aon de na deich tommasan tabhartas, a bharrachd air a' bhuaidh a bhios aca air na builean airson luchd-ionnsachaidh. Mar sin dh'fhaoidte gun dèan sibh sgrùdadh air mar a leasaicheas sibh dòighean-ionnsachaidh gnìomhach, mar a bheir sibh a-steach no bheir sibh tuilleadh leasachaidh air prionnsabalan measaidh airson ionnsachadh agus mar a nì sibh feum de dhreuchd phàrantan ann a bhith a' brosnachadh ionnsachadh an cuid chloinne fiù 's mus beachdaich sibh air atharrachaidhean don churraicealam no do shusbaint. Dh'fhaoidte gu bheil e nas fheàrr ma tha na builean do luchd-ionnsachaidh air an suidheachadh aig ìre àrd agus ma tha iad beag ann an àireamh. Bidh e comasach amharc air builean, bidh e comasach cuid dhiubh a thomhas gu dìreach agus bidh e comasach measadh a dhèanamh orra air fad⁸.

Le bhith a' toirt iomradh air raon farsaing dàta⁹, cuide ris na prìomh theachdaireachdan bho rannsachadh, bu chòir comas a bhith agaibh a bhith mionaideach nur cuid dealbhaidh. Cuidichidh seo cuideachd nuair a thig sibh gu bhith a' dèanamh measadh air buaidh nan gnìomhan leasachaidh agaibh. Tha measadh làidir a' cur feum air dàta earbsach agus feumaidh an sgoil no an t-ionad agaibh a bhith beairteach a thaobh dàta. Bu chòir gum biodh comas aice/aige na leasachaidhean a thathar air a choileanadh a thaisbeanadh – sin an leasachadh mu choinneamh na bun-ìre aig an toiseach. Leigidh seo fhaicinn dhuibh dè cho fad 's a tha sibh air siubhal.

8 Airson comhairle mu bhuilean is buaidh seall air comharran 1.1 agus 2.1 agus Pàirt 3 *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* agus *Am Pàiste sa Mheadhan*.

9 Seall air TC 8.4 Rìaghladh fiosrachaidh agus Pàirt 2 *A' Sgrùdadh Sàr-mhathais*, duilleag 91: A bhith beairteach a thaobh dàta.

Cuideachd, tha dàta a tha air ùrachadh gu cunbhalach gur chuideachadh gu bhith nas mionaidiche mu na h-ath cheumnan airson luchd-ionnsachaidh fa leth agus mu na dòighean teagaisg as fheàrr airson an gabhail.

Faodaidh diofar sheòrsachan dàta a bhith ann. Bu chòir do dhàta a bhith a' sealltainn ìrean coileanaidh làithreach chloinne agus a bhith comasach air leasachaidhean sam bith ann an adhartas is coileanadh gach leanabhadh agus companaich is buidhnean sònraichte a thaisbeanadh. Bu chòir do dhàta a bhith a' gabhail a-steach mion-sgrùdaidhean de bheachdan dhaoine a dh'fhaodas a bhith air an coimeas ris na beachdan aca às dèidh do dh'iomairtean a bhith air am buileachadh. Tha measaidhean a tha stèidhichte air amharc dìreach air càileachd ionnsachaidh san t-seòmar-cluiche no teagaisg¹⁰ riatanach.



10 Pàirt 3 Dè cho math 's a tha an sgoil againn?, Pàipear-taice 5: Fianais airson fèin-mheasadh.

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Eisimpleir de dheagh chleachdadh a thaobh amharc is measadh co-inbheach

- Bha amasan amhairc nan àrd-mhanaidsearan is nan co-inbheach air a cheangal gu soilleir ris a' phlana-leasachaidh.
- Bha luchd-obrach gu cunbhalach a' faighinn fios air ais sgrìobhte is labhairteach a' tabhann moladh, taic is dùbhlán, le deas-baireachdan às dèidh sin.
- Bhathar a' cleachdadh fianais a chaidh a chur còmhla bho amharcan airson leasachadh na sgoile air fad agus nuair a bhathar a' cumail sùil air adhartas le earrannan den phlana-leasachaidh.
- Bhathar air amharcan co-inbheach a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach luchd-obrach bho na sgoiltean eile uile sa bhuidhinn.

Eisimpleir de dheagh chleachdadh a' com-pàirteachadh phàrantan

- Bhiodh ceannard na sgoile a' cumail fòram fosgailte air latha suidhichte gach mìos is bha pàrantan uile a' faighinn cuireadh a bhith an làthair.
- Ann an co-theacsa shocrach, chuir pàrantan ri measaidhean is bhruidhinn iad mu phlanaichean-leasachaidh.

Bidh sibh a' smaoinichadh air thoiseach oirbh fhèin a thaobh nam builean agaibh. Gu tric bheir e nas fhaide na aon bhliadhna gus builean no prìomhachasan dùbhlánach do chloinn a bhuileachadh. Dh'fhaodadh sibh smaoinichadh air dhà no trì bhliadhnan mar 'riaghailt choitcheann' le clachan-mìle suidhichte aig amannan sònraichte rè na h-ùine sin.

Chan eil e glic aithrisean builean a bhith air an suidheachadh ann an 'clàran cloiche'. San t-saoghal chaochlaideach againn, tha planadh fìughantach. Faodaidh na suidheachaidhean is na co-theacsaidhean sam bi sgoiltean is ionadan ag obair atharrachadh. Faodaidh slughan sgoilearan atharrachadh, agus mar sin faodaidh na feumalachdan ris am feum àitreabhan freagairt atharrachadh cuideachd. Tha e ciallach gum bu chòir sgoiltean is ionadan na planaichean-leasachaidh aca a mhion-atharrachadh ann an suidheachaidhean leithid seo. Cha leig sibh a leas plana fa leth a dhèanamh gus dèiligeadh ri leasachaidhean leithid seo. Dìreach atharraichibh am plana-leasachaidh ìre-àird agaibh is thoiribh na h-aithrisean buile ùr no ath-bhreithniche a-steach na lùib. Uaireannan bidh

seo a' ciallachadh gun tèid maill a chur ann an libhrigeadh leasachaidhean a tha ann mar-thà gus aghaidh a chur air feumalachd nas cudromaiche.

Am Plana-leasachaidh

'S e mapa de shlighe leasachaidh na sgoile agaibh a tha sa phlana-leasachaidh. Bu chòir don mhapa seo a bhith aig ìre àrd agus an t-slighe fharsaing sa bheilear a' siubhal a chomharrachadh. Tha dòighean eadar-dhealaichte ann gus an t-amas a ruigsinn, a rèir far a bheil sibh a' tòiseachadh agus suidheachaidhean ionadail. Faodaidh sùbailteachd a bhith aig sgoiltean is ionadan foghlam tràth a thaobh na h-ùine a bheir iad gus seo a dhèanamh fhad 's a bhios iad a' coileanadh nam builean aca taobh a-staigh clàr-ama aontaichte.

Dh'fhaoidte gum bi dòighean-obrach sònraichte suidhichte agaibh, far a bheil sibh ag obair ann an coimhearsnachd ionnsachaidh a tha air a deagh mhineachadh is a tha nas fharsainghe.

Tha pro forma èifeachdach aig iomadh àitreabh mar-thà, a chaidh a leasachadh leis na h-ùghdarrasan aca no leotha fhèin, airson a bhith a' clàradh bhuilean nan deasbaireachdan dealbhaidh aca agus am planaichean airson leasachadh. Ma tha na sgrìobhainnean seo ag obair, dh'fhaoidte nach eil adhbhar ann an atharrachadh. Ma tha iad ro fhada, ro mhionaideach no ro iom-fhillte bu chòir dhuibh an dèanamh nas taine is an cuingealachadh ris na h-eileamaidean riatanach a thathar a' mìneachadh san iùl seo.



AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Eileamaidean riatanach ann am plana-leasachaidh

- lèirsinn is luachan miannmhor a tha air deagh chur an cèill, air an leasachadh is air an co-roinn le cloinn is daoine òga, pàrantan agus iadsan leis a bheil an sgoil ag obair ann an com-pàirteachas.
- àireamh bheag de phrìomhachasan leasachaidh, a tha air fiosrachadh fhaighinn bho fhìrinn, innleachd no rannsachadh mar a chaidh a chur an cèill mar bhuilean do luchd-ionnsachaidh.
- tha builean a tha ag amas air ionnsachadh is coileanadh, stèidhichte air fianais is dàta, agus is urrainnear amharc orra is dh'fhaoidte an tomhas cuideachd.
- dleastanasan airson buileachadh, a tha air an deagh mhìneachadh, is air an ceangal ri daoine agus/no sgioban ainmichte.
- Sgèilean-ama soilleir a tha a' leudachadh gu barrachd air aon sheisean sgoile, mar a tha riatanach, is le clachan-mìle is crìochan-obrach.
- tomhaisean soirbheis a tha a' gabhail a-steach dàta coileanaidh, comharran càileachd agus beachdan luchd-ùidh.

Dh'fhaoidte gum feum sibh planaichean gnìomha fa leth a leasachadh airson pròiseactan agus/no sgioban sònraichte. Brisidh na planaichean gnìomha no pròiseict seo pròiseactan sìos nan gnìomhan nas sònraichte a dh'fheumas a bhith air an gabhail os làimh le daoine no buidhnean fa leth, agus a ghabhas a-steach clachan-mìle is tomhaisean soirbheis. Dh'fhaoidte gu bheil planaichean leithid seo agaibh mar-thà, mar eisimpleir, ann an roinnean àrd-sgoile. Chan fheum na planaichean seo a bhith air an gabhail a-steach sa phlana-leasachaidh àrd-ìre agaibh. 'S e sgrìobhainnean obrachail a tha annta is tha iad nas buailtiche tighinn am bàrr aig ìre ceuma, roinne no dàimhe no airson prìomhachasan fa leth. Seallaidh iad cò aig a bheil dleastanas airson gnìomhan sònraichte agus na sgèilean-ama sam bu chòir an crìochnachadh. A-rithist, thèid na builean a tha air an clàradh a chur an cèill mar bhuilean do chloinn, seach a bhith a' lìonadh sgrìobhainnean. Tha planaichean gnìomha sùbailte cuideachd is faodar an ath-leasachadh gach bliadhna, no nas trice, a rèir na fhreagras air gach suidheachadh.

Tha am modh-obrachaidh planaidh fhèin a' dol bhon ìre reachdail àird – am plana-leasachaidh fhèin – gu ruige nam planaichean-leasachaidh proifeiseanta do luchd-obrach fa leth.

A' dol an gnìomh gus ur lèirsinn a bhuileachadh

Mus dèan sibh a-mach na dh'fheumas sibh a dhèanamh, feumaidh fios a bhith agaibh dè cho fada air adhart 's a tha sibh air an rathad mar-thà. Dh'fhaodadh sibh buidheann de chomharran càileachd a thaghadh bho *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* no *Am Pàiste sa Mheadhan* (An t-Slighe gu Sàr-mhathais Pàirt 3) airson ur cuideachadh gus an t-àite tòiseachaidh agaibh a chomharrachadh. Tha an dàimh eadar na builean do luchd-ionnsachaidh a thagh sibh agus na dh'fheumas an sgoil a dhèanamh gus na builean seo a choileanadh na phrìomh amas an seo. Tha sin an uair sin a' ciallachadh a bhith a' tuigsinn is a bhith comasach air mìneachadh a thoirt seachad mun dòigh sa bheil cleachdaidhean seòmar-teagaisg no seòmar-cluiche agus an àrainneachd nas fharsainge airson ionnsachadh a' buntainn ris na tha luchd-ionnsachaidh a' coileanadh. 'S e seo cnag na cùise.

Dh'fhaoidte nach fheum sgoiltean aig a bheil deagh eachdraidh a thaobh a bhith a' meòrachadh air an cuid obrach fhèin, gu tric le taic bho ùghdarras an fhoghlaim, mòran ùine a chur seachad air an ìre seo. Dh'fhaoidte gum bi am fiosrachadh ri fhaotainn mar-thà¹¹.

Ma chomharraicheas sibh cleachdadh lag, feumaidh sibh aghaidh a chur ris na laigsean mus tèid sibh nas fhaide air adhart. 'S e a' chiad cheist a bu chòir dhuibh fhoigneachd, ciamar a thogadh sibh air neartan gus aghaidh a chur ri laigsean. Tha seo a' toirt amas misneachail don mhodh-obrachaidh leasachaidh.

Tha Pàirt 2 *A' Sgrùdadh Sàr-mhathais* a' toirt eisimpleirean de dheagh chleachdadh a chaidh fhaicinn ann an sgoiltean is ionadan air feadh na h-Alba. Dh'fhaoidte gum bi e cuideachail dhuibh iomradh a thoirt air na h-eisimpleirean seo nuair a tha sibh a' planadh mar a tha sibh dol a choileanadh nam builean agaibh. Tha Pàirt 5 *Slighean gu Sàr-mhathais*, an goireas didsiotach, a' gabhail a-steach raon de dh'eisimpleirean prataigeach a chaidh a thoirt bho àitreabhan fìor agus a dh'fhaodas sibh a chleachdadh airson fiosrachadh agus ann an gnìomhan ionnsachaidh proifeiseanta. Tha *Slighean gu Sàr-mhathais* cuideachd a' gabhail a-steach gearr-chunntasan mu raon rannsachadh RA agus eadar-nàiseanta, ceangailte ris na taobhan, a tha a' toirt seachad fianais a bharrachd air am faodar coimhead fhad 's a thathar a' dealbhadh is a' buileachadh nam pròiseactan leasachaidh.

¹¹ Faic TC 5.9 Leasachadh tro fhèin-mheasadh.

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Nuair a tha sibh air fear de na builean, no clach-mhìle no prìomhachas nas fhaide-ùine, air a' phlana-leasachaidh agaibh a choileanadh gu soirbheachail, faodaidh sibh a ghluasad chun a' 'chlàir-gnothaich gleidhidh.'

An 'clàir-gnothaich gleidhidh'

'S e an 'clàir-gnothaich gleidhidh' obair àbhaisteach na sgoile, obair chudromach làitheil na sgoile agaibh. Bidh e an urra ri buill no sgioban ainmichte den luchd-obrach a bhith a' cumail suas nan leasachaidhean a rinneadh roimhe, agus bidh seo air a thogail a-steach do na clàran-ùghdarrais is do na dleastanasan leantainneach aca. Bidh na rèiteachaidhean agaibh airson ath-bhreithneachadh luchd-obrach agus am fèin-mheasadh leantainneach agaibh a' cumail sùil air co dhiubh a thathar a' cumail suas càileachd. Dh'fhaoidte gu bheil mìosachan aig an sgoil agaibh airson seo¹².



¹² Faic *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* Pàipear-taice 6, T.d.57.

A' dèanamh cinnteach à buaidh

Às dèidh dhuibh an gnìomh a tha sibh air a phlanadh a ghabhail, feumaidh sibh measadh a dhèanamh air a luach iomlan, a' cleachdadh nan comharran càileachd buntainneach. Is urrainn dhuibh adhartas a thomhas san dòigh seo. Tha measadh a' gabhail a-steach a bhith a' mion-sgrùdadh dàta coileanaidh, a' samplachadh bheachdan dhaoine is ag amharc gu dìreach air càileachd a' chleachdaidh gus an t-eadar-dhealachadh a tha thu air a dhèanamh a shònrachadh.

Eisimpleir de mheasadh a' com-pàirteachadh luchd-obrach uile

- Rinn gach ball de gach roinn tabhartas ri taisbeanadh roinneil do àrd-mhanaidsearan air neartan is earrannan a bha a' feumach-dainn leasachadh.
- Rinn gach ball den roinn measadh air coileanadh a' chlasa aige/aice fhèin mar phàirt den ath-bhreithneachadh a thaobh buileachadh.
- Bha ath-bhreithneachaidhean mu bhuileachadh ag amas chan ann a-mhàin air coileanadh cuspair ach cuideachd air coileanadh sgoilearan is chlasaichean fa leth.

'S iad builean do chloinn a thèid a mheasadh. Cha bhi iad a' buntainn ri sgrìobhadh phoileasaidhean no a bhith a' dèanamh stuthan teagaisg. Tha na gnìomhan seo buailteach a bhith ann am planaichean gnìomha mionaideach, agus tha iad nan dòigh gus faighinn gu cinn-uidhe nas cudromaiche: leasachaidhean ann an ionnsachadh is choileanaidhean chloinne.

'S e modh-obrachaidh fiùghantach a tha ann am measadh, a tha a' dol air adhart fad na bliadhna, chan ann aig amannan suidhichte. Ma bheir sibh an aire do dhuilgheadasan, feumaidh sibh an gnìomh iomchaidh a ghabhail, a' mion-atharrachadh a' phlana agaibh ma tha sin riatanach.

Ann an suidheachaidhean leithid seo, dh'fhaoidte gum feum sgoiltean is ionadan, às dèidh deasbaireachd a chumail leis na h-ùghdarrasan ionadail aca, ath-bheachdachadh air na prìomhachasan bunaiteach aca. Dh'fhaoidte gum feumar cuid de chlachan-mìle is de chrìochan-obrach atharrachadh cuideachd. 'S e an rud a tha cudromach gun tèid càileachd ionnsachadh na cloinne, agus dùilean gun soirbheach iad uile is gun ruig iad an comasan iomlan, a chumail suas mar phrìomhachasan bunaiteach is gu bheilear an còmhnaidh gan cur air thoiseach.

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Bho àm gu àm feumaidh sibh 'sgrùdadh slàinte' a ghabhail os làimh le bhith a' cur nan comharran càileachd an gnìomh san fhream iomlan thar raon na h-obrach agaibh. Bu chòir sgrùdadh leithid seo duilgheadasan sam bith ann an gnìomhan gleidhidh a thoirt am follais. Bu chòir don aithisg a thig às a seo a bhith ag amas air builean airson, agus buaidh air, luchd-ionnsachaidh.

Dreuchd ùghdarras an fhoghlaim no bòrd nan riaghladairean

'S e an dùbhlán do dh'ùghdarrasan foghlaim agus bùird riaghladairean eòlas math a chur air na sgoiltean is na h-ionadan aca. Feumaidh iad ceannas a thoirt seachd cuideachd ann a bhith a' cruthachadh lèirsinn iomlan anns am bi sgoiltean ionadail ag obair. Feumaidh iad breithneachadh co dhiubh a tha an lèirsinn, na prìomhachasan agus na builean a tha an sgoil fhèin a' moladh freagarrach is dùbhlánach. Bu chòir dhaibh breithneachadh a dhèanamh a thaobh cuin a bu chòir a dhol san eadraigin gus taic a thoirt do dh'aitreabhan ann a bhith a' leasachadh càileachd an ionnsachaidh is a bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh fa leth. Tha dreuchd cuideachd aig ùghdarrasan ionadail agus bùird riaghladairean ann a bhith a' toirt taic do chruthachas is innleachdas ann a bhith a' cuideachadh na sgoile gus na prìomhachasan aice a choileanadh.

Tha fios againn bho fhiosraichidhean ann an Alba is ann am pàirtean eile den t-saoghal gum faod sinn tòrr de na rudan cearta a dhèanamh nuair a tha sinn a' feuchainn ri leasachadh leantainneach a choileanadh, ach a bhith fhathast fo bhriseadh-dùil mun bhuaidh a tha aig a seo air coileanaidhean sgoilearan. Tha dòighean-obrach aig a bheil lèirsinn is dealas co-roinnte aig ìrean clasa, ionaid, sgoile, ùghdarras fhoghlaim agus nàiseanta taobh a-staigh an fhream iomlan airson coileanadh, buailteach a bhith soirbheachail. Gus an cothrom as fheàrr a thoirt do shoirbheas leithid seo, feumaidh co-dhùnidhean mu na dòighean-obrach anns gach seòmar-cluiche is suidheachadh foghlaim tràth, anns gach seòmar-teagaisg is anns gach sgoil, a bhith stèidhichte air fianais is dàta brìoghmhor. Tha a bhith a' cleachdadh fianais ann an dòigh èifeachdach a' toirt comas dhuinn togail air ar comais airson leasachadh (faicibh Pàipear-taice 2) agus ar tuigse mu na thathar a' teagaisg, mar a thathar ga theagasg agus, nas cudromaiche buileach, mar a thathar ga ionnsachadh.

Ann an deasbaireachd sam bith mu choileanaidhean luchd-ionnsachaidh, tha e riatanach amas air daoine fa leth is buidhnean dhaoine fa leth. Tha an dòigh-obrach seo a' toirt aodann mhic an duine do dhàta. Mar sin tha sibh buailteach a bhith a' deasbaireachd a thaobh carson a rinn sgoilear sònraichte fada nas fheàrr no nas miosa na an t-adhartas a bhathar a' dùileachadh bhuapa. No dh'fhaodadh sibh amas air cloinn a tha air an

coimhead às an dèidh no clann aig a bheil cànan eile seach a' Bheurla mar chiad chànan. Mar sin tha dàta air amas air a bhith a' leantainn choileanaidhean fa leth gu dlùth agus tha seo a' comasachadh eadar-theachd tràth gus luchd-ionnsachaidh a chumail air an t-slighe cheart leis an adhartas a thathar a' dùileachadh bhuapa. Tha ionnsachadh proifeiseanta co-roinnte a' toirt taic do bhith a' togail comas, mar eisimpleir, le bhith a' deasbaireachd mu dhòighean-obrach ionnsachaidh is teagais a thaobh na tha an fhianais ag innse dhuinn thar sheòmraichean-cluiche is chlasaichean, sgoiltean agus ùghdarrasan foghlaim. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' dèanamh an smaoinichaidh againn mu ionnsachadh soilleir agus a bhith ga cho-roinn. Is ann gu follaiseach air ceannas airson ionnsachadh a tha an t-amas do luchd-ionnsachaidh a thaobh dhòighean-obrach leithid seo¹³.

Tha na comharran càileachd a' buntainn ri teagasg airson ionnsachadh èifeachdach, coinneachadh ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh, measadh airson ionnsachadh agus dùilean, gu h-àraid cumhachdach a thaobh a bhith a' toirt seachad clàr-gnothaich airson deasbaireachd eadar ùghdarras an fhoghlaim no bòrd nan riaghladairean agus an sgoil. Is urrainn do na tomhasan a thathar a' lorg ann am Pàirt 2 A' Sgrùdadh Sàr-mhathais cuideachadh cuideachd.

Is e dreuchd oifigearan leasachadh càileachd agus ceangail fa leth, tabhartas gnìomhach a dhèanamh aig gach ìre den mhodh-obrachaidh leasachaidh ann an sgoiltean is ionadan. Is e prìomh earrainn na h-obrach seo amas air cleachdadh seòmar-teagais no cluiche a chumail suas, agus coileanadh a thogail.

Thathar a' dùileachadh gun gabh ùghdarrasan ionadail a-steach seata de thargaidean a thathar a' cruthachadh gu h-ionadail airson a bhith a' togail buileachadh ann am bun- is àrd-sgoiltean. Bidh targaidean sònraichte do bhuidhnean nas so-leòinte nam pàirt de na targaidean aca.

Tha a bhith a' dèanamh tabhartas gnìomhach a' ciallachadh a bhith a' brosnachadh sgoiltean is ionadan gu bhith miannmhor, is a bhith a' toirt taic do luchd-obrach ann a bhith a' sgrùdadh nan luachan aca agus, ann an cuid de chùisean, a' dol an gnìomh. Feumaidh oifigearan dèanamh cinnteach gu bheil lèirsinn na sgoile a' gabhail aire do lèirsinn is phrìomhachasan nàiseanta an ùghdarras agus amasan airson leasachadh ionadail. Faodaidh iad àitreabhan a chuideachadh le bhith a' dèanamh nam prìomhachasan is nan amasan sin furasta an tuigsinn, ruigsinneach is pragtaigeach. Ann an deasbaireachd leis an sgoil, dh'fhaodadh iad, mar eisimpleir, cuideachadh gus an eadar-mhìneachadh is an suidheachadh gu daingean taobh a-staigh co-theacsa na sgoile fhèin.

13 Duilleag 50, Ceannas airson ionnsachadh

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Is urrainn do dh'oifigearan modhan-obrachaidh coltach ris a seo a ghabhail os làimh a thaobh seirbheisean amalaidhte chloinne is modhan-obrachaidh planadh coimhearsnachd, ag obair leis an sgoil gus na prìomhachasan aig ìrean ùghdarras ionadail is coimhearsnachd eadar-mhìneachadh taobh a-staigh cho-theacsaichean sgoiltean is ionadan fa leth, fhad 's a thathar cuideachd gan cuideachadh gus rùm fhaighinn airson freagairt ri feumalachdan sònraichte na coimhearsnachd ionnsachaidh aca fhèin. Feumaidh an luchd-ùidh uile dèanamh cinnteach gu bheil planaichean aig na diofar ìrean co-cheangailte ri chèile. Feumaidh oifigearan cuideachd cothromachadh iomchaidh fhaighinn eadar na tha an t-ùghdarras a' ro-òrdanachadh agus an ìre shaorsa a tha a dhith air sgoiltean is ionadan gus freagairt ri feumalachdan nan coimhearsnachdan aca fhèin.

Dh'fhaoidte gum bi feum aig àrd-mhanaidsearan is luchd-obrach ann an sgoiltean air taic ann a bhith a' suidheachadh nam prìomhachasan ro-innleachdail aca, co dhiubh a tha no nach eil feum ann a bhith a' cleachdadh am pro forma a chaidh a chruthachadh leis an ùghdarras.

Aig ìre nas anmoiche, feumaidh oifigearan agus riaghladairean sgoile obrachadh le sgoiltean is ionadan gus na soirbheasan aca ann a bhith a' coileanadh nam builean leasaichte a chaidh a phlanadh do luchd-ionnsachaidh a chomharrachadh.



Eisimpleirean de na seòrsachan cheistean a dh'fhaodadh oifigearan is riaghladairean sgoile foighneachd do luchd-ceannais is luchd-obrach

- Ciamar a ràinig sibh an lèirsinn is na luachan agaibh?
- Minich carson a tha an lèirsinn is na luachan freagarrach airson na sgoile no an ionaid agaibh.
- Dè cho soirbheachail 's a tha sinn air a bhith ann a bhith a' leasachadh amasan leasachaidh ionadail a tha iomchaidh a rèir feumalachdan na sgoile no an ionaid agaibh?
- Dè an ìre chun a bheil sinn air ur cuideachadh gus am mineachadh ann an dòigh a tha furasta a thuigsinn is a chur an gnìomh ann an co-theacsa na sgoile no an ionaid agaibh?
- Dè na dòighean sa bheil sinn air rùm a thoirt dhuibh fhèin gus na prìomhachasan agaibh fhèin a cho-dhùnadh ann an co-theacsa phrìomhachasan ùghdarrais nàiseanta is foghlaim?
- Ciamar a tha na prìomhachasan agaibh a' leasachadh ionnsachadh?
- Minichibh mar a tha iad a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh uile san sgoil no san ionad.
- Thoiribh geàrr-chunntas air mar a tha iad ag amas air coileanadh is builean do na h-uile.
- Ciamar a tha clann, pàrantan, luchd-obrach is com-pàirtichean air a bhith com-pàirtichte?
- Ciamar a tha luchd-ceannais a' stiùireadh a' phlana air adhart aig gach ìre?
- Ciamar a thathar a' leudachadh ionnsachadh is tuigse an luchd-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg?
- Ciamar is urrainn dhuibh na leasachaidhean a chaidh a choileanadh a thaisbeanadh?
- Dè an fhianais is urrainn dhuinn a chleachdadh airson ar cuideachadh gus tighinn gu co-dhùnadh mu chùisean sgrùdaidh a' buntainn ri luchd-ionnsachaidh fa leth no buidhnean beaga de luchd-ionnsachaidh, a bharrachd air dàta na sgoile iomlain a thaobh coileanadh?
- Dè na dòighean san urrainn don ùghdarras fhoghlaim no don bhòrd riaghladairean ur cuideachadh a-nis gus cnapan-starra a leagail is taic a thoirt do chloinn fa leth?

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Is urrainnear TC 6.2 Gabhail pàirt ann am poileasaidh is planadh agus TC 6.3 Planadh airson leasachadh, a chleachdadh gus rèiteachaidhean airson planadh airson leasachadh agus a' bhuidh iomlan aca, a mheasadh.

Ceannas atharrachaidh is leasachaidh

Chan e rud roghnach a tha ann a bhith ag amas air atharrachadh is leasachaidhean. 'S e an dùbhlain atharrachadh a dhèanamh brioghmhor is eadar-dhealachaidhean matha a thoirt air beathannan chloinne. Tha seo a' ciallachadh a bhith mothachail mu chlàr-gnothaich nan amannan ri teachd agus a bhith dealasach do bhith a' coileanadh buannachd a thaobh foghlam aig an àon àm¹⁴.

Tha a bhith a' treòrachadh is a' stiùireadh atharrachadh is innleachdas a' cur iarrtas dha-rìreabh air ceannardan, a tha nas fhasa an stiùireadh nuair a tha iad air an co-roinn. Faodaidh soirbheachaidhean tràtha ann an stiùireadh atharrachaidh a bhith na bhrosnachadh cumhachdach gus a dhol an lùib tuilleadh atharrachaidh. Tha dùbhlain is riarachaidhean an lùib a bhith mar phàirt de sgioba nas fharsainghe agus a bhith a' gabhail dreuchd ro-innleachdail.

Tha dreuchd ro-innleachdail luchd-ceannais sgoile is ionaid a' leudachadh thar na h-àitribh aca fhèin. Tha luchd-stiùiridh ann an dreuchdan àrd-stiùiridh nan oifigearan den ùghdarras. Tha seo a' ciallachadh nach e a-mhàin gu bheil dleastanasan aca a thaobh na sgoile no an ionaid aca fhèin, ach cuideachd airson a bhith a' cuideachadh gus càileachd an fhoghlaim thar na sgìre ionadail aca fhèin a leasachadh. Chan eil sgoiltean is ionadan air iomall gnothaich, gun aire ach do na h-iomairtean is na leasachaidhean aca fhèin. Bidh iad a' toirt taic is a' dèanamh tabhartas do leasachaidhean ann an àitreabhan eile, sa choimhearsnachd agus ann am buidhnean com-pàirteachaidh. Tha dleastanas aig riaghladairean sgoile, gu h-àraid ceannardan sgoile agus ceannardan àitreabhan, gus dèanamh cinnteach gu bheil stiùir airson na sgoile aca fhèin a rèir na stiùir a thathar a' cleachdadh airson an ùghdarras air fad, ged a dh'fhaodas nithean is cuideaman mionaideach a bhith diofraichte a rèir co-theacs na sgoile fhèin. Feumaidh ùghdarrasan dèanamh cinnteach gu bheil raon iomchaidh de chothroman is shlighean rim faotainn do dhaoine òga uile, ge brith dè na h-àitreabhan a bhios iad a' frithealadh.

14 Faic *Ceannas airson Ionnsachadh*

Bidh luchd-ceannais sgoile is ionaid a' dèanamh cinnteach à ceangalan eadar na stiùirean as fharsainghe airson leasachadh is cleachdadh agus fuasglaidhean air an talamh, eadar nàiseanta is ionadail. Bidh iad a' dèanamh cinnteach à cothromachadh eadar sùbailteachd airson àitreachan agus làn-chòraichean do chloinn. Agus tha iad a' dèanamh cinnteach à co-chòrdaileachd ann an càileachd an t-solarachaidh. 'S e prìomh sgil do luchd-ceannais, gu h-àraid ceannardan-sgoile, daoine is sgioban a ghluasad air adhart, is dreuchdan a chomharrachadh. Tha gach nì, tha an ceannas aca air amas air a bhith a' toirt atharrachadh fìor air beathannan tro ionnsachadh.

Co-dhùnadh

Tha an dealbhadh as èifeachdaiche co-roinneil a thaobh phrionnsabalan, prìomhachasan is bhuilean. Bidh e a' lorg fuasglaidhean tro bhith a' togail air neartan. Tha clann aige aig a' chridhe, seach innleachdas air a shon fhèin. Bidh luchd-obrach uile a' gabhail os làimh dòighean-obrach cruthachail is innleachdach nuair is e seo an dòigh as fheàrr gus togail air neartan luchd-ionnsachaidh agus freagairt a thoirt do na feumalachdan aca, agus tha buannachd shoilleir a' tighinn àsta a thaobh foghlam. Mar sin, tha èifeachdas dealbhadh leasachaidh shoilleir ann an ìre is càileachd a bhuilean do chloinn is do dhaoine òga.



AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Pàipear-taice 1: Geàrr-chunntas de na h-earranan buntainneach de dh'Achd nan Ìrean ann an Sgoiltean na h-Alba msaa

1. Còir a' phàiste air foghlam sgoile

Tha còir aig gach pàiste air foghlam sgoile.

2. Dleastanas ùghdarras an fhoghlaim ann a bhith a' toirt seachad foghlam sgoile

Tha dleastanas aig ùghdarrasan foghlaim gus dèanamh cinnteach gu bheil foghlam chloinne air a stiùireadh gu ruige a bhith a' leasachadh am pearsa, an tàlant is an comasan inntinn is corporra gu an làn comasan.

Bu chòir aire iomchaidh, cho fad 's a ghabhas dèanamh, a bhith aig ùghdarrasan foghlaim do bheachdan chloinne a thaobh co-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh mhòr orra, a' gabhail aire don aois is don inbheachd.

3. A' togail ìrean

Tha an Achd a' stèidheachadh dleastanas Mhinistearan na h-Alba gus leasachadh ann an càileachd foghlam sgoile thar na h-Alba a dhèanamh tèarainte, agus dleastanasan ùghdarrasan foghlaim gus leasachadh anns na sgoiltean air a bheil iad an urra a dhèanamh tèarainte.

4. Prìomhachasan nàiseanta ann am foghlam

Tha an Achd ag aithris gun sònraich Ministearan na h-Alba prìomhachasan nàiseanta ann am amasan foghlaim airson foghlam sgoile, agus gum faod iad tomhaisean coileanaidh a' buntainn ris na prìomhachasan seo a shònrachadh is fhoillseachadh.

Is iad na prìomhachasan nàiseanta ann am foghlam:

- **Coileanadh is Buileachadh:** gus ìrean de bhuileachadh foghlaim do na h-uile a thogail ann an sgoiltean, gu h-àraid ann an sgilean bunaiteach litearra is àireamhachd, agus gus ìrean nas fèarr a choileanadh ann an tomhaisean nàiseanta coileanaidh, a' gabhail a-steach builean dheuchainnean;
- **Frèam airson Ionnsachadh:** gus taic a thoirt do, is leasachadh a dhèanamh air, sgilean thidsearan is fèin-cheannsachadh sgoilearan, is airson àrainneachdan sgoile a neartachadh gus am bi iad freagarrach airson teagasg is ionnsachadh;

- **In-ghabhaltas is Co-ionannachd:** gus co-ionannachd a bhrosnachadh is cuideachadh a thoirt do gach sgoilear gus buannachd fhaighinn bho fhoghlam, le aire shònraichte do sgoilearan le ciorraman is feumalachdan sònraichte foghlaim, agus don Ghàidhlig is do chànanan eile nach eilear a' cleachdadh cho tric;
- **Luachan is Saoranachd:** gus obrachadh le pàrantan gus urram dhaibh fhèin is dha chèile, agus an eadar-eisimeileachd le buill den nàbachd is den chomann-shòisealta aca a theagasg do sgoilearan, agus ionnsachadh dhaibh mu dhreuchdan is dhleastanasan saoranachd ann an comann-shòisealta dheamocratach;
- **Ionnsachadh airson na Beatha:** gus sgoilearan uidheamachadh leis na sgilean bunaiteach, na beachd-smuaintean is na dùilean a tha riatanach gus soirbheachadh ann an comann-shòisealta a tha ag atharrachadh, agus gus cruthachas is mòr-mhiann a bhrosnachadh.

5. Aithris bhliadhnail amasan leasachaidh ùghdarras an fhoghlaim

Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aithrisean bliadhnail de dh'amasan leasachadh foghlaim fhoillseachadh, às dèidh dhaibh co-chomhairle a chumail le buidhnean a' riochdachadh thidsearan, luchd-obrach san fharsaingeachd, Comhairle nam Pàrant agus pàrantan san fharsaingeachd, agus às dèidh cothrom a thoirt do chloinn, do dhaoine òga agus do dhaoine ionadail eile le ùidh, am beachdan a dhèanamh aithnichte.

Seallaidh na h-aithrisean seo:

- mar a chom-pàirticheas ùghdarrasan pàrantan ann a bhith a' brosnachadh foghlam chloinne;
- mar a bhrosnaicheas iad co-ionannachd chothroman; agus
- na dòighean no na suidheachaidhean san toir iad seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig is mar a dh'fheuchas iad ris an t-solarachadh seo a leasachadh.

Às dèidh foillseachadh Achd nan Sgoiltean (Brosnachadh Slàinte is Beathachadh) (Alba) 2007, gabhaidh ùghdarrasan foghlaim cuideachd a-steach ro-innleachdan airson dèanamh cinnteach gu bheil sgoiltean a' brosnachadh slàinte nan aithrisean de dh'amasan leasachaidh.

Faodar an stèidheachadh cuideachd a rèir ghnòthaichean is thomhaisean eile a tha an t-ùghdarras an dùil a tha cudromach. Faodar na h-amasan ath-bhreithneachadh rè ùine an dà mhìos dheug ma dh'atharraicheas suidheachaidhean.

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aithisgean bliadhnaile fhoillseachadh a thaobh an soirbheis ann a bhith a' coileanadh nan amasan as ùire a chaidh a shuidheachadh, no amasan sam bith air an deach ath-bhreithneachadh a dhèanamh.

6. Planaichean-leasachaidh sgoile (gu tric theirear planaichean-leasachaidh riutha)

Feumaidh ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil sgoiltean a' foillseachadh phlanaichean-leasachaidh bliadhnaile, às dèidh co-chomhairle a chumail le pàrantan agus buidhnean phàrant riochdachaidh, tidsearan is an riochdairean, luchd-obrach san fharsaingeachd (co dhiubh is ann le pàigheadh no gun phàigheadh), buidhnean ionadail sam bith aig a bheil ùidh agus sgoilearan a tha a' frithealadh nan sgoiltean aca. Feumaidh na h-amasan ann am planaichean sgoile aire a ghabhail do dh'amasan leasachaidh bliadhnaile an ùghdarras agus (bho chaidh Achd Com-pàirteachas Phàrantail Sgoiltean na h-Alba 2006 fhoillseachadh) ro-innleachd na sgoile a thaobh com-pàirteachas pàrantail a shealltainn. Às dèidh foillseachadh Achd nan Sgoiltean (Brosnachadh Slàinte agus Beathachadh) (Alba) 2007, bidh amasan leasachaidh an ùghdarras a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha e air a shuidheachadh gus slàinte a bhrosnachadh. Feumaidh sgoiltean gearr-chunntas den phlana a dhèanamh.

Bidh na planaichean-leasachaidh a' gabhail a-steach cunntas de na dòighean anns am bi ceannard na sgoile a' cumail co-chomhairle le sgoilearan a bhios a' frithealadh na sgoile agus gan com-pàirteachadh ann an co-dhùnaidhean sam bith a tha ri dhèanamh a thaobh ruith na sgoile bho latha gu latha.

Nì ùghdarras an fhoghlaim cinnteach gu bheil aithisg bhliadhnaile ann a thaobh adhartas ann a bhith a' buileachadh a' phlana, agus gearr-chunntas den aithisg seo.

Feumaidh ùghdarras an fhoghlaim dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig pàrantan nan sgoilearan a tha anns an sgoil chun a' phlana-leasachaidh agus an aithisg adhartais, agus gum faigh iad gearr-chunntasan den dà sgrìobhainn, gum pàigheadh.

Faodaidh planaichean-leasachaidh a bhith nan dreachdan ath-bhreithnichte den phlana a chaidh a dhèanamh sa bhliadhna roimhe no faodaidh e a bhith gu tur ùr. Ach, bu chòir don ùghdarras ath-bhreithneachadh a dhèanamh bho àm gu àm air buileachadh a' phlana is ma tha atharrachadh iomchaidh no cudromach sam bith ann a thaobh suidheachaidhean bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil plana ùr no ath-bhreithnichte ann.

7. Ath-bhreithneachadh de choileanadh sgoile

Bho àm gu àm cumaidh ùghdarrasan foghlaim co-chomhairle gus beachdan fhaighinn bho riochdairean de thidsearan is phàrantan mu càileachd an fhoghlaim a tha air a thoirt seachad, tomhaisean is ìrean coileanaidh airson nan sgoiltean a tha iad a' stiùireadh, a' sònrachadh thomhaisean is ìrean eadar-dhealaichte airson sgoiltean eadar-dhealaichte. Bhon a chaidh Achd Sgoiltean na h-Alba (Com-pàirteachas Pàrantail) 2006 fhoillseachadh, tha 'càileachd an fhoghlaim' a-nis a' gabhail a-steach na h-ìre chun a bheil pàrantan a' gabhail com-pàirt anns an fhoghlam a tha air a thoirt do sgoilearan.

Feumaidh ùghdarrasan foghlaim ath-bhreithneachadh a dhèanamh air càileachd foghlaim ann an sgoiltean fa leth, le aire do na tomhaisean is na h-ìrean a tha iad air a shònrachadh, is mura h-eil an sgoil a' coileanadh gu riarachail, feumaidh iad ceumannan a ghabhail gus seo a chur ceart.

AN T-SLIGHE GU SÀR-MHATHAIS

A' Planadh airson Sàr-mhathais

Pàipear-taice 2: An comas gu leasachadh

Tha an t-siathamh ceist seo de na ceistean àrd ìre ann an *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* agus *Am Pàiste sa Mheadhan* (An t-Slighe gu Sàr-mhathais Pàirt 3), Dè an comas a tha againn airson leasachadh?, a' cur feum air breithneachadh cruinneil stèidhichte air na measaidhean a chaidh a dhèanamh a' cleachdadh nan comharran càileachd, agus an fhianais air a bheil iad stèidhichte. Ann a bhith a' freagairt na ceiste seo, bu chòir do sgoiltean, ùghdarrasan agus bùird riaghladairean aire a ghabhail do chùisean co-theacsach leithid àrd luchd-obrach a' leigeil dhiubh an dreuchdan, planaichean airson ath-structaradh, agus atharrachaidhean cudromach ann an goireasan. Bu chòir do luchd-obrach aire a ghabhail don 'eachdraidh choileanaidh' aca ann a bhith a' dèanamh leasachaidhean agus a' stiùireadh atharrachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd beachdachadh air a' chomais aca gu freagairt gu luath ri atharrachaidhean agus a bhith cruthachail is innleachdach fhad 's a tha iad an tòir air sàr-mhathais.

Tha an comas airson leasachadh co-cheangailte ri raon nithean, leithid: fèin-mheasadh èifeachdach; beairteas dàta is innleachdais a tha air a dheagh chleachdadh, mar eisimpleir, gus adhartas luchd-ionnsachaidh fa leth a leantainn; lèirsinn aontaichte is cho-roinnte; aimsir fhosgailte, cholaisteach a tha a' dèanamh smaoinachadh is ionnsachadh proifeiseanta follaiseach; a bhith a' cumail sùil dhlùth is thaiceil air iomairtean; agus smaoinachadh cruthachail a thaobh a bhith a' lorg fhuasglaidhean a chuidicheas gus fiosrachaidhean ionnsachaidh is coileanadh a leasachadh do na h-uile.

Ann a bhith a' breithneachadh air a comas leasachaidh, bu chòir gum b' urrainn don sgoil innse gu bheil no nach eil misneachd aice gu bheil an fhianais is na measaidhean chun a seo a' taisbeanadh:

- gun deach leasachaidhean a dhèanamh do phrìomh bhuilean airson luchd-ionnsachaidh, agus an eòlasan;
- gu bheil ceannas is stiùireadh èifeachdach; agus
- gu bheil rèiteachaidhean leasachadh càileachd èifeachdach.

Dh'fhaoidte gum bi na h-ìrean misneachd airson gach aon de na nithean gu h-àrd ag atharrachadh, is dh'fhaodadh iad a bhith a' gabhail a-steach chumhaichean, ach bu chòir dhaibh leantainn air adhart gu aithris iomlan de mhisneachd ann an comas na sgoile gu leasachadh.

Mar eisimpleir, dh'fhaodadh an sgoil a ràdh: "Tha sinn misneachail gu bheil an fhianais is na measaidhean chun an ama seo a' sealltainn:

- uile gu lèir, gun deach leasachaidhean a dhèanamh gus prìomh bhuilean a choileanadh is gus coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh uile cha mhòr, ach feumaidh sinn na coileanaidhean aig a' chloinn againn a tha air an coimhead às an dèidh a leasachadh;
- gu bheil ceannas is stiùireadh èifeachdach an-dràsta, ach gum bi prìomh dhreuchdan bàn a dh'aithghearr;
- gu bheil rèiteachaidhean leasachaidh èifeachdach anns gach raon seach litearras; agus
- uile gu lèir, gu bheil sinn air an comas gu leantainn air adhart a' coileanadh a thaisbeanadh."

Faodaidh roinnean no ìrean fa leth an dòigh-obrach seo a chleachdadh cuideachd gus breithneachaidhean cruinneil a dhèanamh a thaobh an comais airson leasachadh.

www.hmie.gov.uk

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2007

RR Donnelley B52301 08-07 (Gaelic)

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri faotainn air làrach-lìn HMIE:
www.hmie.gov.uk

Further information is available from:

Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim
Taigh Denholm
Pàirc Gnìomhachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Dhùn Lèibhe
EH54 6GA

Fòn: 01506 600 200

Facs: 01506 600 337

Post-d: enquiries@hmie.gsi.gov.uk

Faodar sealltainn air an fhoillseachadh seo ann an cruth PDF air làrach-lìn HMIE. Bu chòir don t-sealladair agaibh leigibh leibh meud an teacsa atharrachadh air an sgàilean.

ISBN 978-0-7053-1085-7



9 780705 310857



INVESTMENT IN PEOPLE